

AITHISG BHLIADHNAIL IS CUNNTASAN VISITSCOTLAND AIRSON

na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2023

A' Bhliadhna Againn

Na thachair an lùib na h-ìomairt Thigibh a dh'Alba faicibh duilleag 14



chaidh sealltainn air bhidiothan 20 millean turas



Chaidh luach \$8.1m de dh'oidhcheannan a ghleidheadh, còrr is 45,600 oidhche, ann an àiteachan-fuirich mar thoradh air an ìomairt

Taic dhan Ghnìomhachas faicibh duilleagan 21 is 22

Chaidh an goireas “Slighe cinn-uidhe gu cothromachadh-carboin” a chruthachadh



Chaidh Plana Gnìomh VS airson na Gnàth-shìde 2023-2026 a chruthachadh



Chaidh ceanglaichean a thogail eadar 298 eadar-mheadhanairean siubhail eadar-nàiseanta agus 324 luchd-solair Albannach



Chaidh 7 tachartasan a chumail le cothrom do dhaoine coinneachadh aghaidh-ri-aghaidh airson 112 companaidhean turais agus buidhnean-siubhail

Tachartasan faicibh duilleagan 28 is 37

Beàrnan-Bride



Ghabh 589,000 neach pàirt ann an còrr is 1,000 tachartas (a' gabhail a-steach 468 sgoiltean)

Chaidh ruighinn air 87,000 neach a bharrachd tro mheadhanan didseatach



Farpais Baidhsagalachd na Cruinne

Chaidh prògram luchd-obrach saor-thoileach a thòiseachadh – 4,000 neach-obrach saor-thoileach




Chaidh na h-ionadan farpaise ainmeachadh



Chaidh làraich ainmeil Albannach a shoillseachadh le dathan bogha-froise an UCI gus comharrachadh gun robh 6 mìosan ri dhol


Co-chonaltradh ri Luchd-obrach faicibh duilleag 34






Margaidheachd airson Luchd-ceannaich na Dùthcha

Margaidheachd airson Luchd-ceannaich sa Chòrr den RA is ann an Èirinn (Faoi 2022 – Dùbh 2022)




Margaidheachd airson Luchd-ceannaich na h-Alba (Faoi 2022 - Dùbh 2022)




EventScotland 2022/23

Thug VisitScotland taic do thachartasan is fèisean (am measg nam prògraman bha: feadhainn Nàiseanta is Eadar-nàiseanta; Maoin Coimhearsnachd airson Baidhsagalachd; Goilf is Bliadhna nan Sgeulachdan)



A' Leasachadh Shlighean 2022/23

Thug VisitScotland taic do shlighean-adhair (nam measg bha: Toronto gu Dùn Èideann agus Toronto gu Glaschu)



Facal bhon Chathraiche



Am Fìor Urramach Viscount Thurso

Às dèidh dhuinn bun-stèidh a thogail airson an ath-nuadhachaidh a tha a' dol air adhart, tha sinn aig VisitScotland air cumail oirnn a' brosnachadh is a' tarraing luchd-turais agus a' cur taic ri cinn-uidhe agus gnothachasan gus buannachdan fhaighinn bhon iarrtas a gheibhear am measg luchd-turais gus tighinn a dh'Alba far am faigh iad goireasan is seirbheisean turasachd cho math 's a th' ann.

Nuair a smaoinicheas mi air an 12 mìos a dh'fhalbh, 's iomadh adhbhar gairdeachais a th' againn. Às dèidh dhuinn bun-stèidh a thogail airson an ath-nuadhachaidh a tha a' dol air adhart, tha sinn aig VisitScotland air cumail oirnn a' brosnachadh is a' tarraing luchd-turais agus a' cur taic ri cinn-uidhe agus gnothachasan gus buannachdan fhaighinn bhon iarrtas a gheibhear am measg luchd-turais gus tighinn a dh'Alba far am faigh iad goireasan is seirbheisean turasachd cho math 's a th' ann.

'S iomadh deagh thoradh a chithear bhon obair seo. Chunnacas fianais air ath-nuadhachadh gu h-àraidh a thaobh luchd-turais eadar-nàiseanta, agus gu h-àraidh ann am prìomh mhargaidhean leithid Ameireagaidh a Tuath. Bidh an luchd-tadhail sin a' fuireach nas fhaide agus a' cosg barrachd, agus tha sin a' cuideachadh le bhith a' gleidheadh obraichean agus choimhearsnachdan air stèidh dhaingeann air feadh na dùthcha.

Tha sinn air taic a thoirt do thachartasan mòra spòrs is cultarach, agus iad sin air dearbhadh uair eile nach eil àite nas fheàrr na Alba airson tachartas a chumail, agus chuidich sinn le bhith a' tarraing cho-labhairtean gnothachais eadar-nàiseanta a dh'Alba.

Rinn sinn cuideachd ullachadh airson Farpais Cruinne na Baidhsagalachd aig UCI ann an 2023, a' chiad uair riamh a chaidh an fharpais sin a chumail, agus thig dileab bhon tachartas sin, a mhair 11 latha, a thaobh turasachd na baidhsagalachd, seasmhachd agus siubhal gnìomhach.

Tha a' bhliadhna a dh'fhalbh air cur nar cuimhne mar a gheibhear iomadach buannachd bho thurasachd is tachartasan – do ar coimhearsnachdan, ar math fhèin agus, 's dòcha nas cudromaiche buileach, do ar n-eaconamaidh. (RNCE).

Le sùil ris an ùine ri thighinn, tha sinn air cur romhainn cuideachadh le bhith a' toirt lèirsinn Riaghaltas na h-Alba gu buil airson eaconamaidh a nì feum do mhath dhaoine mar a chithear san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh (RNCE).

Tha mi gu làidir dhen bheachd gun gabh an lèirsinn sin airson eaconamaidh nas cothromaiche, nas beairtiche agus nas uaine a thoirt gu buil tro fhàs ann an gnìomhachas na turasachd is nan tachartasan; gnìomhachas a tha air a bhonntachadh air tionnsgalachd, ùr-ghnàthachadh agus leasachaidhean roinneil.

Tha na h-amasan airson fàs seasmhach san ro-innleachd turasachd nàiseanta againn, Scotland Outlook 2030, cuideachd an crochadh air turasachd chunntachail.

Tha mi nis a' tighinn faisg air deireadh na h-ùine agam mar Chathraiche VisitScotland, agus 's urrainn dhomh coimhead air ais agus a bhith gu math moiteil às na dòighean san tug a' bhuidheann stiùireadh do chàch mu thurasachd chunntachail. Tha sin a' ciallachadh: a' sealltainn mar as urrainn do gnìomhachas na turasachd làn bhuannachdan eaconamach a ghleidheadh fhad 's a tha e a' dèanamh cho beag cron 's as urrainn air an àrainneachd agus air a' chomann-shòisealta.

Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh agus a' toirt taic dhan gnìomhachas gus turasachd chunntachail a chur an sàs, le cuideam sònraichte ga chur air ar slighe gu cothromachadh-carboin. Tha cruaidh fheum air barrachd oidhirpean bhuainn uile a thaobh seo ma tha sinn a' dol a choileanadh nan targaidean lèirsinneach a th' ann.

Le seo uile, tha fios agam gu bheil dùbhlain anabarrach mòr air a bhith ron gnìomhachas, agus às dèidh beagan bhliadhnaichean a bha gu h-àraidh doirbh tha cuid de na dùbhlain sin fhathast a' toirt buaidh air gnothachasan na roinne.

Tha e riatanach gum bi an structair riaghlaidh air a dhealbhadh gu taic a thoirt do dh'fhàs cunntachail is seasmhach agus nach bi e a' cur bacadh air tionnsgalachd a tha aig cridhe eaconamaidh na turasachd.

Mar a' bhuidheann turasachd nàiseanta, tha cothrom sònraichte aig VisitScotland comhairle a thoirt dhan Riaghaltas agus do Mhinistearan. Nuair a bhithear a' cruthachadh phoileasaidhean a bheir buaidh air

gnìomhachas na turasachd, bu chòir feum a dhèanamh de ar sgilean is eòlas gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh is a' dealbh nam poileasaidhean sin airson dèanamh cinnteach gun cuidich iad le fàs seasmhach ann an eaconamaidh na turasachd.

Bidh sinn fhathast a' dèanamh co-chonaltradh ris an roinn gus dèanamh cinnteach gun gabh poileasaidhean a chur an gnìomh gu h-èifeachdach agus gu buannachd gach sgìre agus eaconamaidh na h-Alba san fharsaingeachd.

A thaobh VisitScotland fhèin, chan e a-mhàin gum feum sinn dèiligeadh ris mar a bhios iartasan luchd-ceannaich agus feumalachdan ghnòthachasan ag atharrachadh agus cuideachd feumaidh sinn ealla a ghabhail ris mar a tha barrachd teicneòlais ga chleachdadh sa gnìomhachas, leithid tùr-fuadain (AI).

Tha sinne mar bhuidhinn air a bhith fìor mhath air ar dòighean-obrach atharrachadh gus dèiligeadh ri atharraichean, dùbhlain agus cothroman ùra. Cumaidh sinn oirnn mar sin gus dèanamh cinnteach gun glèidh sinn luach eaconamach airson na dùthcha air fad. Chithear buil sa bhad bho na buannachdan eaconamach sin, agus iad a' toirt buaidh taobh a-staigh na bliadhna seo air roinnean na dùthcha, a chum maith ar bailtean-mòra agus ar sgìrean dùthchail.

Nuair a smaoinicheas mi air na seachd bliadhna mu dheireadh mar Chathraiche, 's e as motha a mhaireas air chuimhne dhomh: dicheall, proifeiseantachd agus sàr-eòlas nan daoine aig VisitScotland agus ann an gnìomhachas na turasachd is nan tachartasan fhèin.

Bu mhath leam taing a thoirt do na Buill eile, do ar n-Àrd-oifigear Malcolm Roughead, agus dhan luchd-obrach aig VisitScotland airson na h-obrach cruaidhe aca is na choilean iad am-bliadhna agus iad air togail air agus air cur ri ar cliù mar bhuidhinn thurasachd nàiseanta cho math 's a gheibhear san t-saoghal.

Aithris an Àrd-oifigeir



Malcolm Roughead OBE

Tro ar margaidheachd, tachartasan, a bhith a' leasachadh cheann-uidhe agus a' toirt taic do ghnòthachasan, tha sinn ag amas air ìrean-coileanaidh àrda mar a thathar a' moladh san Ro-innleachd airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh (RNCE).

Fhuair gnìomhachas na turasachd agus nan tachartasan beagan faochaidh sa bhliadhna a dh'fhalbh, oir b' e sin a' chiad 12 mìos de dh'obair àbhaisteach a bh' againn gun bhacaidhean bho thòisich an galar mòr-sgaoilte.

Tha sinn air cothrom fhaighinn a bhith a' cur prìomhachas air ar prìomh cheann-uidhe – modhan-obrach ro-innleachdail agus co-òrdanaichte a chur an sàs gus taic a thoirt dhan iomairt airson eaconamaidh na turasachd a thogail as ùr ann an dòigh chunntachail, agus ann an dòigh a nì cinnteach gun soirbhich le roinn na turasachd.

Tro ar margaidheachd, tachartasan, a bhith a' leasachadh cheann-uidhe agus a' toirt taic do ghnòthachasan, tha sinn ag amas air ìrean-coileanaidh àrda mar a thathar a' moladh san Ro-innleachd airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh.

Thug sinn bàrr air ar targaidean airson na h-iomairt, Thigibh a dh'Alba, agus sinn a' ruighinn air 211 millean neach tro ar meadhanan sòisealta uile.

Rinn ar sgiobaidhean margaidheachd cinnteach gun robh daoine, a bha a' beachdachadh air turas, a' toirt làn aire do dh'Alba agus iad a' dèanamh sanasachd air na cothroman drùidhteach is sònraichte a tha luchd-ceannaich ag iarraidh, an dà chuid air a' bhlàr a-muigh agus sna goireasan sòghail a th' againn.

Tha sinn cuideachd air barrachd iarrtais fhaicinn airson làithean-saora 'air chuairt' agus ann an àiteachan-fuirich fèin-frithealaidh, agus tha barrachd ùidhe aig daoine ann an turasachd shocair, mhall agus sin a' cur taic ri ar geallaidhean a thaobh turasachd chunntachail.

Chan eil teagamh ann nach eil cosgaisean gnòthachais air dùbhlain adhbharachadh airson ghnòthachasan am-bliadhna agus tha cosgaisean bith-beò air, aig amannan, buaidh a thoirt air planaichean luchd-siubhail agus nas urrainn dhaibh a chosg.

Thug sinn cothrom do ghnòthachasan Albannach ceangal a dhèanamh ri prìomh cheannaichean bho air feadh an t-saoghail tron tachartas airson malairt siubhail, Discover Scotland 2022. Bha an tachartas sin glè chudromach do ar n-obair gus iarrtas eadar-nàiseanta ath-nuadhachadh agus gus a' mhargaidh airson luchd-tadhail na dùthcha seo a chumail suas.

Cuideachd, rinn sinn obair air leth cudromach gus cuideachadh le bhith a' toirt leasachadh air eaconamaidhean roinneil agus, a dh'aindeoin ìre na h-atmhorachd, chunnacas innleachdas gu leòr agus ionmhas ga chur an seilbh sa ghnìomhachas againn.

Tha an obair seo ga cur air adhart leis an amas na prògraman gnìomha san RNCE a choileanadh, nì sin cinnteach gum bi eaconamaidh na turasachd a' cur taic ri gnòthachasan is roinnean soirbheachail, tionnsgalachd agus comann-sòisealta a tha nas cothromaiche agus nas co-ionainn.

Bha tachartasan a-rithist a' toirt buaidh mhath, nach beag, air eaconamaidh agus ìomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba.

Air a' bhliadhna seo, bha samhradh air leth againn a thaobh goilf agus sinn a' cur fàilte air ceithir Farpaisean mòra, leithid an 150mh Farpais Fhosgailte ann an Cill Rìmhinn a ghlèidh buannachdan eaconamach luach còrr is £300 millean do dh'Alba.

Bha sinn cuideachd ag obair còmhla ri coimhearsnachdan gus Bliadhna nan Sgeulachdan a chomharrachadh agus rinn sinn gàirdeachas ris a' chuid a b' fheàrr de ghnìomhachas na turasachd is nan tachartasan le Duaisean Cluarain na h-Alba, b' e sin a' chiad turas a chaidh na duaisean sin a chumail bho 2020.

Chaidh tòrr dhen obair seo a choileanadh tro obair chom-pàirteach is co-obrachadh a tha mar bhun-stèidh do gach rud a nì sinn aig VisitScotland. Tha sin a' gabhail a-steach ar com-pàirteachasan roinneil is raonail a tha aig teis-meadhan ar ro-innleachd mhargaidheachd.

Tha obair na buidhne-stiùiridh airson rian air luchd-tadhail, sa bheil grunn bhuidhnean an sàs, a' sealltainn mar as urrainn do thurasachd grunn bhuidhnean poblach a thoirt còmhla gus taic a chumail ri coimhearsnachdan air feadh Alba. Cuideachd, tha a' Mhaoin Bun-structair airson Turasachd Dhùthchail air cothrom a thoirt do dhaoine dòighean-obrach innleachdach a chur an sàs gus bun-structair a chruthachadh agus sin a' cur taic ri amasan RNCE.

Chaidh Buidheann Ceannais Gnìomhachas na Turasachd is na h-Aoigheachd a stèidheachadh agus iad a' togail air an dòigh-obrach cho-obrachail a bh' aig Buidheann Turasachd na h-Alba airson Dèiligeadh ris an t-Suidheachadh-èiginn (BTADS) rè ùine a' ghalair mhòr-sgaoilte. Bidh a' bhuidheann ùr seo a' cuideachadh le bhith a' coileanadh an amais airson Alba a bhith am measg nan dùthchannan as fheàrr airson turasachd san 21mh linn mar a thathar a' miannachadh ann an Scotland Outlook 2030.

Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt dhan luchd-obrach airson a bhith ag obair cho cruaidh agus a bhith cho cruthachail san 12 mìos a dh'fhalbh. Mar bhuidhinn, tha sinn air fàs eòlach air dòighean-obrach measgaichte agus tha ìrean co-chonaltraidh àrda againn fhathast le ar luchd-obrach a tha mar thoradh air oidhirpean ar co-obraichean.

Ged a tha dùbhlain ann fhathast, tha tòrr adhbharan dòchais ann fhad 's a tha ath-nuadhachadh a' leantainn ann an gnìomhachas na turasachd is nan tachartasan. Tha an obair againn gus cuideachadh le sin, agus gus luach eaconamaidh na turasachd a chur am meud, nas cudromaiche na bha i riamh. Tha lèirsinn shoilleir againn agus tha sinn cinnteach cò ar ceann-uidhe. Fhad 's a bhios sùil againn ris an àm ri teachd, gabhaidh sinn gu deònach ri atharraichean, nì sinn làn-fheum de ar tàlantan, agus nì sinn cinnteach gun tog sinn air ar bunaitean làidir gus adhartas a dhèanamh airson ar coimhearsnachdan, ar gnìomhachas agus ar n-eaconamaidh.

